

BÒRD NA GÀIDHLIG

Geàrr-chunntas bho Choinneamh a' Bhùird Stiùiridh air Diciadain 03/07/2019 aig 11.15 ann an Taigh-òsta Mercure, Inbhir Nis

Buill a bha an làthair:

Màiri T NicAonghais (Cathraiche Eadar-amail) [MTNA]
Ailean Caimbeul [AC]
Dòmhnall MacLeòid [DML]
Dòmhnall MacSuain [DMS]
Fiona Dunn [FD]
Jennifer Gilmour [JG]
Jim Whannel [SW]
Johan Nic a' Ghobhainn [JNG]

Leisgeulan:

Joy Dunlop agus Màiri Anna NicUalraig

A' frithealadh:

Luchd-obrach Bòrd na Gàidhlig
Shona NicIllinnein, Ceannard [SNI]
Daibhidh Boag, Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean Coimhearsnachd [DB]
Alasdair MacFhionghuin, Ceann nan Seirbheisean Corporra [AMF]
Ailig Greumach, Ceann an Ionmhais [AG]
Carol Niclain (Geàrr-chunntas)

1.0 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

1.1 Fàilte agus aithris air adhartas bhon Chathraiche Eadar-amail

Chuir an Cathraiche Eadar-amail MTNA fàilte air a h-uile duine don choinneimh. Thugadh fa-near gum biodh a' choinneamh air a cumail sa Bheurla, a chionn 's gun robh na h-aithisgean air an robhar a' beachdachadh sa Bheurla, gus còmhradh a dhèanamh nas luaithe.

Thug MTNA aithris do na buill air adhartas a thaobh a' phròiseis gus Cathraiche ùr a chur an dreuchd. Tha Riaghaltas na h-Alba air iarraidh gun lean MTNA ann an dreuchd Cathraiche Eadar-amail chun a' Ghearrain 2020, is tha i air aontachadh sin a dhèanamh.

Minutes of the Board Meeting on Wednesday 03/07/2019 at 11.15 at the Mercure Hotel, Inverness

Board Members present:

Mairi T MacInnes (Interim Chair) [MTMI]
Allan Campbell [AC]
Donald MacLeod [DML]
Donald MacSween [DMS]
Fiona Dunn [FD]
Jennifer Gilmour [JG]
Jim Whannel [JW]
Johan Smith [JS]

Apologies:

Joy Dunlop and Mary Ann Kennedy

In attendance:

Bòrd na Gàidhlig staff:
Shona MacLennan, Ceannard [SML]
David Boag, Director of Language Planning & Community Developments [DB]
Alasdair MacKinnon, Head of Corporate Services [AMK]
Alex Graham, Head of Finance [AG]
Carol Johnson (Minutes)

PRELIMINARIES

Welcome and Interim-chair update

The Interim Chair MTMI welcomed all to the meeting. It was noted that the meeting would be held in English as the reports being considered were in English, to expedite discussion.

MMI gave Members an update on the recruitment process for a new Chair. Scottish Government had asked that MTMI continue in the role of Interim Chair until February 2020 which she has agreed to do.

1.2 A' nochdadh chom-pàirtean

Cha robh com-pàirtean rin chlàradh.

1.3 Clàradh chuspairean a tha rin togail fo GISBE

Cha robh gnothaichean a bharrachd airson a' chlàir-ghnothaich.

2.0 AITHISG SGRÙDAIDH: AITHISG EADAR-AMAIL – RIAGHLADH IS CEANNARDAS

Thug buill den Chomataidh Sgrùdaidh is Rianachd Cunnairt (CSRC) fiosrachadh do Bhuill mun aithisg sgrùdaidh bho Deloitte a chaidh aontachadh leis a' Chomataidh aig a' choinneimh aca air 20^{mh} Ògmhios 2019. Thug iad cuideachd comhairle don bhòrd air pròiseas a' Phlana Leasachaidh.

Chaidh a mholadh gum bu chòir Buidheann Stiùiridh air a' Phlana Leasachaidh a stèidheachadh gus sùil a chumail air adhartas, le Ball Bùird bhon CSRC, ball den Sgioba Stiùiridh agus ball den luchd-obrach.

Thug na Buill **FA-NEAR** gum biodh am Plana Leasachaidh air a dhearcnachadh agus air ath-ùrachadh leis an Sgioba Stiùiridh agus leis a' Bhuidhinn Stiùiridh air a' Phlana Leasachaidh, a bhios ag aithris gu dìreach don ChrSC.

Gnìomh:

Bidh AG a' cur aithris ri chèile air làn chosgais nan seirbheisean a thaobh meantorachd, HR, conaltradh agus taic airson trèanadh air an robh am Bòrd Stiùiridh feumach thairis air a' bhliadhna ionmhasail làithrich agus air a' bhliadhna ionmhasail mu dheireadh.

3.0 SEISEAN DÙINTE AIRSON BUILL A-MHÀIN: GNÒTHAICHEAN LUCHD-OBACH

4.0 AITHISG SGRÙDAIDH: A' leantainn

4.1 Moladh don Bhòrd Stiùiridh gum bu chòir gabhail ris an Aithisg

Co-dhùnadh:

An dèidh cuireadh fhaighinn bhon Chathraiche Eadar-amail, ghabh Buill gu foirmeil ris an Aithisg mar a chaidh a thaisbeanadh.

Declaration of Interest

No declarations were made.

Items for consideration under AOCB

There were no additional items for the agenda.

AUDIT REPORT: INTERIM REPORT - GOVERNANCE & LEADERSHIP

Members of the Audit and Risk Management Committee (ARMC) briefed Members on the audit report from Deloitte which had been approved by the Committee at its meeting on 20th June 2019. They also advised the board on the Improvement Plan process.

It was agreed that an Improvement Plan Steering Group be set up to monitor progress, made up of a Board Member from the ARMC, a member of the Leadership Team and a member of staff.

Members **NOTED** that the Improvement Plan would be monitored and updated by the Leadership Team and by the Improvement Plan Steering Group, which will report directly to the ARMC.

Action:

AG is to compile a report on the full costing for the services related to mentorship, HR, communication and training support that the Board has required over the current and previous financial year.

CLOSED SESSION FOR MEMBERS ONLY: STAFFING MATTERS

AUDIT REPORT: Continued

Recommendation to the Board to Accept the Report

Decision:

On invitation to do so by Interim Chair, Members formally accepted the Report as presented.

4.2 Ath Cheumannan:

4.2.1 Plana Leasachaidh (dreachd) [Ceannard]

Feumar dearbhadh nan clàran-ama, air chor 's gum bithear cinnteach nach eil iad ro àrd-amasach. Dh'aontaich an Sgioba Stiùiridh gun dèanar measadh tùsail cho luath 's a ghabhas, ann an co-bhann ri Buidheann Stiùiridh a' Phlana Leasachaidh agus ris a' ChSRC, leis a' Cheannard agus Cathraiche na CSRC a' co-rèiteachadh le Deloitte air atharrachaidhean mòra sam bith ris a' chlàr-ama.

Gus cuid den chuideam làithreach air an Sgioba Stiùiridh aotromachadh, dh'iarr na Buill gum bithear a' beachdachadh air dàil a chur air coinneamh de Chomataidh Cor na Buidhne a bha gu bhith a' tachairt air 14 Lùnastal, ma thig iarrrtas airson sin bhon Sgioba Stiùiridh.

4.2.2 Moladh airson Buidheann Stiùiridh Plana Leasachaidh a stèidheachadh gus am Plana Leasachaidh a stiùireadh agus a dhearcnachadh [JNG]

Rinn Buill còmhraidh air an stòras ionmhasail a bharrachd a dh'fhaodadh a bhith a dhìth gus taic a thoirt don ùine leasachaidh seo airson a' Bhùird Stiùiridh, agus bhiodh MTNI agus SNI ag amas air seo a thogail a-rithist leis an Leas-phrìomh Mhinistear, John Swinney, aig a' choinneimh aca air 18 Iuchar.

Co-dhùnadh:

An dèidh còmhraidh, thug Buill taic don mholadh bhon ChSRC gum bu chòir JG ainmeachadh mar bhall den Bhuidhinn Stiùiridh air a' Phlana Leasachaidh agus gum bu chòir dhi gach cuid a' ChSRC agus am Bòrd Stiùiridh a chumail fiosraichte air adhartas.

Gnìomh:

Thèid dreachd de na cumhaichean iomraidh airson na Buidhne Stiùiridh air a' Phlana Leasachaidh a sgrìobhadh le AMF, airson aontachadh leis a' Chomataidh Sgrùdaidh agus Rianachd Chunnartan aig an ath choinneimh aca.

4.2.3 Co-dhùnadh air Foillseachadh na h-Aithisg [Cathraiche Eadar-amail]

Thug SNI fios dha na Buill air a' chlàr-ama ma dh' fhaoidte airson foillseachadh na h-aithisg agus air a' phròiseas airson fios a thoirt dhan luchd-obrach.

Next Steps:

Improvement Plan (draft) [Ceannard]

Timescales are to be verified, to make sure they are not overly ambitious. The Leadership Team agreed to make an initial evaluation as soon as possible, in conjunction with the Improvement Plan Steering Group and the ARMC, with any major timetabling adjustments negotiated by the Ceannard and the Chair of the ARMC with Deloitte.

To alleviate some of the immediate pressure on the Leadership Team, Members asked that consideration would be given to postpone the meeting of the People Committee scheduled for 14 August should a request be made for that by the Leadership Team.

Recommendation for establishment of Improvement Plan Steering Group to direct and monitor Development Plan [JS]

Members discussed the possible additional financial resource that may be required to support this development phase for the Board, and MTMI and SML aim to raise this further with Deputy First Minister, John Swinney, at their meeting on 18 July.

Decision:

After discussion Members support the ARMC recommendation that JG be nominated to be on the Improvement Plan Steering Group and keep both ARMC and the Board informed of progress.

Action:

Terms of Reference for the Improvement Plan Steering Group will be drafted by AMK for agreement by the Audit and Risk Management Committee at their next meeting.

Decision on Publication of the Report [Interim Chair]

SML advised Members on the possible timescale for publication of the report and on the process for briefing staff.

Gnìomh:

Bidh an Ceannard a' dèanamh cinnteach gu bheil a' chiad choinneamh fiosrachaidh airson luchd-obrach air 4 Iuchar air a leantail le coinneamh a bharrachd leis an luchd-obrach uile nas anmoiche san Iuchar.

Gnìomh:

Bithear a' sireadh comhairle bho chomhairlichean nam meadhanan a tha aig a' Bhòrd agus aig Riaghaltas na h-Alba a thaobh cuin a thèid an aithisg fhoillseachadh. Bidh an Ceannard a' cumail nam Ball fiosraichte a thaobh nam molaidhean aca.

5.0 GISBE

Cha robh gnòthaichean eile rin dheasbad.

Thug an Cathraiche Eadar-amail taing don Cheannard is do na h-oifigearan uile airson an cuid obrach gus am fiosrachadh a dheasachadh agus a' choinneamh a chur air dòigh, agus thug i taing do na Buill airson an cuid bheachdan agus taic.

Thug an Cathraiche Eadar-amail a' choinneamh gu crìch aig 15.15.

Action:

The Ceannard to ensure that the initial staff briefing meeting on 4th July is followed up by a further meeting with all staff later in July.

Action:

The Board's own and Scottish Government's media advisors are to be consulted regarding the timing of publication of the report. The Ceannard will keep Members informed as to their recommendation.

AOCB

No additional matters for discussion.

The Interim Chair thanked the Ceannard and all the officers for their work, in preparing the information and organising the meeting, and thanked the Members for their input and support.

The Interim Chair brought the meeting to a close at 15.15.